

Duais airson Sgrìobhadh Dràma Gàidhlig: foirm-tagraidh practas agus stiùireadh

Tha am foirm-tagraidh practas agus an stiùireadh seo airson do chuideachadh ann a bhith a' sgrìobhadh dreachd den tagradh agad mus cuir thu gu Submittable e, agus airson molaidhean a thoirt dhut air mar a fhreagras thu gach ceist.

Dèan cinnteach gu bheil thu air na [Ceistean Cumanta](#) a leughadh mus tòisich thu air an tagradh agad. Ma tha ceistean a bharrachd agad mun Duais airson Sgrìobhadh Dràma Gàidhlig, cuir fios thugainn aig <mailto:info@playwrightsstudio.co.uk>.

Is e an ceann-là airson thagraidhean **Diciadain 30 Sultain** aig **5f**.

Fiosrachadh eile

A bharrachd air an fhiosrachadh san fhoirm-thagraidh phractas seo, mar phàirt den tagradh agad feumaidh tu cuideachd na rudan a leanas a chur thugainn:

- Fios conaltraidh (a' gabhail a-steach ainm, seòladh agus àireamh fòn-làimh).
- Fios mu fheumalachdan sam bith a thaobh conaltradh on ruigse air am bu chòir dhuinn a bhith mothachail airson taic a chumail riut sa Phrògram seo.
- Aithisg-taice a' mìneachadh ciamar a bhios an Duais airson Sgrìobhadh Dràma Gàidhlig a' cuideachadh an adhartais agad mar dhràmaire.
- Fios mu leasachaidhean sgrìobt anns an robh thu a' gabhail pàirt agus ciamar a rinn seo diofar don dòigh sa bheil thu a' smaoinichadh air an sgrìobhadh agad.
- Mìneachadh goirid air a' bheachd-smuain a th' agad airson sgrìobt air am bu mhath leat a bhith ag obair.
- Geàrr-chunntas 100-facal den bheachd-smuain agaibh airson dealbh-chluiche. Ma thèid an tagradh agad a thaghadh, thèid seo fhoillseachadh air làrach-lìn Stiùidio nan Dràmairean.
- Eachdraidh-beatha goirid, a' cur an cèill an eòlais a th' agad air sgrìobhadh gu ruige seo. Ma thèid an tagradh agad a thaghadh, thèid seo fhoillseachadh ann an Stòr-dàta nan Dràmairean air làraich-lìn Stiùidio nan Dràmairean.
- Dà eisimpleir den sgrìobhadh agaibh, a dh'fhaodadh a bhith:
 - Dà earrann 10-duilleagan à dealbhan-cluiche airson an àrd-ùrlair, no;
 - Aon earrann 10-duilleagan à dealbh-chluiche airson an àrd-ùrlair, agus aon earrann 10-duilleagan à pìos sgrìobhaidh ann an gnè-litreachais sam bith

Chan eil sinn an dùil gum am beachd-smuain agad am measg nan eisimpleirean sgrìobhaidh, oir is dòcha nach deach a sgrìobhadh fhathast. Ach ma tha thu air tòiseachadh air a' bheachd-smuain agad, faodaidh tu eisimpleir às a chur a-steach mar aon de na pìosan sgrìobhaidh agad.

- Geàrr-chunntasan airson gach earrann (suas gu 50 facal airson gach pìos. Cuir iad seo aig mullach gach eisimpleir sgrìobhaidh).
- CV le fios mun eòlas agad air sgrìobhadh gu ruige seo.
- Dearbhadh gu bheil thu saor **Dihaoine 4 Dùbhlachd 2020** airson Latha Inntrigidh Prògram Sgrìobhaidh Dràma. Mura h-eil thu saor air an latha seo, cuir fios thugainn aig info@playwrightsstudio.co.uk.
- A bheil thu ag iarraidh beachdan air ais air an tagradh agad no nach eil.

Gheibhear tagraichean fios an do shoirbhich na tagraidhean aca ro **Dhiahaine 27 Samhain 2020**.

Tha sinn an dòchas gun tèid gu math leat leis an tagradh agad.

1. Ciamar a bhios an Duais seo gad chuideachadh ann a bhith a' leasachadh do chiùird, is ciamar a chuireas e ris an adhartas agad mar dhràmaire. Dh'fhaodadh tu innse dhuinn mu dheidhinn:
 - > Dè tha gad bhrosnachadh mar dhràmaire
 - > Ionnsachadh a rinn thu – leat fhèin no ann am foghlam foirmeil; bùithtean-obrach no tachartasan san robh thu an sàs;
 - > Sgrìobhadairean sònraichte a tha air buaidh a thoirt ort
 - > Carson a tha thu a' faireachdainn gu bheil am Prògram seo freagarrach dhut aig an àm seo
 - > Na h-amasan agad airson do chuid sgrìobhaidhean agus na planaichean a th' agad airson na sgilean agad a leasachadh gus na h-amasan seo a choilionadh

2. Innis dhuinn mu leasachadh sgrìobt sam bith san robh thu an sàs roimhe.

Dh'fhaodadh tu innse dhuinn mu dheidhinn:

- > Ciamar a tha leasachadh sgrìobt air diofar a dhèanamh air an dòigh sam bi thu a' smaoineachadh mun sgrìobhadh agad
- > Dè tha thu air ionnsachadh bho bhith an sàs san leasachadh sgrìobt seo

3. Aithisg ghoirid mun bheachd-smuain agad airson dealbh-chluiche. **Chan e geàrr-chunntas den dealbh-chluich a tha seo**, oir tha sinn a' tuigsinn nach bi am beachd-smuain agad air a' leasachadh gu ìre mhòr fhathast. Dh'fhaodadh tu bhith a' smaoinichadh air:

- > An sgeulachd a tha thu airson innse agus dè thug ort a h-innse
- > An stoidhle no an cruth a tha fa-near dhut airson an sgeulachd seo innse
- > Dè tha cudromach dhut mun sgeulachd seo, m.e. na caractaran, an cuspair, etc.
- > Dè an dràma a tha an lùib a' bheachd-smuain agad agus am biodh e ag obair gu math air an àrd-ùrlar

4. Geàrr-chunntas 100-facal den bheachd-smuain agad airson dealbh-chluiche (Ma tha an tagradh agad soirbheachail, thèid seo fhoillseachadh air Stòr-dàta nan Dràmairean air làrach-lìn Stiùidio nan Dràmairean)

5. Innis dhuinn rud sam bith eile mud dheidhinn a tha thu a' creidsinn a tha cudromach don tagradh seo.

- > Leig fios dhuinn ma tha fiosrachadh sam bith eile mu do dheidhinn air am bu chòir don phannal a bhith eòlach mar phàirt den tagradh agad.

(Tha seo a' toirt a-steach fiosrachadh co-cheangailte ri Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail. Tha am foirm a tha ri lìonadh airson seo ga làimhseachadh fa-leth agus gun urra, agus mar sin chan eil e mar phàirt den tagradh agad. Mar sin, ma tha thu airson 's gun toir sinn feart do rudan mar ghnè, cinneadh, eitnigeachd, ciorram, suidheachadh sòiseo-eaconamach, etc., cleachd an duilleag a leanas.)